

Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh do Chlann

Dè th' ann am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh do Chlann?

'S e pàigheadh de £251.50 a th' ann rè a' gheamhraidh gus teaghlaichean sa bheil clann is daoine òga ciorramach a chuideachadh le cosgaisean connaidh.

Cò gheibh am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh do Chlann?

Clann agus daoine òga aois 18 agus nas òige ann an Alba a tha a' faighinn:

- na h-ìre cuibhreann cùraim as àirde de Chuibhreann Ciorraim Bith-beò do chlann
- na h-ìre cuibhreann cùraim as àirde de Phàigheadh Ciorraim Cloinne
- a' chuibhreann bith-beò làitheil mheudaichte de Phàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta
- na h-ìre mheudaichte den chuibhreann bith-beò làitheil de Phàigheadh Ciorraim Inbheach air co-dhiù aon latha anns an treas seachdain shlàn den t-Sultain.

Dè ma tha barrachd air aon phàiste airidh anns an teaghlach?

Thèid am pàigheadh a dhèanamh a rèir gach neach seach gach teaghlach, a' ciallachadh gum faigh gach pàiste airidh san teaghlach pàigheadh.

Am feum cuideigin iarrtas a chur a-steach?

Chan fheum. Anns a' mhòr-chuid de chùisean thèid a phàigheadh gu fèin-obrachail le Tèarainteachd Shòisealta Alba a' cleachdadh an fhiosrachaidh a thug Roinn na h-Obrach is nam Peinneanan seachad (ged as dòcha gum feum sinn fios a chur do chuid de theaghlaichean gus am fiosrachadh a th' againn a dhearbhadh).

Ciamar a gheibh daoine a-mach a bheil iad airidh?

Gheibh iad litir ag innse gum bi iad a' faighinn pàigheadh agus carson.

Dè ma thèid pàigheadh cuideigin a chur air ais chun na seachdain airidheachd?

Ma gheibh iad pàigheadh às dèidh làimhe de Phàigheadh Ciorram Cloinne, thèid Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh Cloinne a phàigheadh gu fèin-obrachail dhaibh. Is e dìreach daoine a gheibh pàigheadh às dèidh làimhe den Chuibhreann Ciorraim Bith-beò do Chlann agus Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta a dh'fheumas fios a chur gu Tèarainteachd Shòisealta Alba gus innse dhuinn, gus an cuir sinn am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh do Chlann air dòigh dhaibh.

Cuin a thèid am pàigheadh a dhèanamh?

Thèid pàighidhean a dhèanamh bhon t-Samhain.

Ciamar a thèid am pàigheadh a dhèanamh?

Thèid am pàigheadh a chur chun aon chunntas ris a' Chuibhreann Ciorraim Bith-beò do Chlann no am Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta, mar as trice cunntas pàraint no neach-cùraim às leth a' phàiste. Far a bheil an neach òg nas sine na 16 agus cunntachail airson an ionmhais fhèin, thèid am pàigheadh a thoirt dhaibh gu dìreach mura h-eil neach-gleidhidh aig an neach òg.

Am feum cuideigin fianais no cuidhteas a shealltainn?

Chan fheum, chan fheum duine fianais a thoirt seachad gun deach an t-airgead a chosg air cunntasan connaidh.

Dè cho tric 's a gheibh iad seo?

Gheibh iad am pàigheadh seo gach bliadhna, cho fad 's a tha iad fhathast airidh air.

Dè thachras ma tha am pàiste a' fuireach taobh a-muigh na h-Alba?

Ma tha am pàiste airidh air agus a' fuireach ann an dùthaich san Aonadh Eòrpach far nach eil an teothachd gearmhraidh cuibheasach nas àirde na teothachd gearmhraidh na RA, dh'fhaodadh iad a bhith airidh. Feumaidh iad iarrtas a dhèanamh airson a' phàigheadh seo agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad air fìor bhuntanas ri Alba. Faodar am foirm-iarrtais a luchdadh a-nuas bho mygov.scot/child-winter-heating-payment.

A bheil còir aig neach ath-cho-dhùnadh no ath-thagradh iarraidh?

Mura h-eil neach no an neach-gleidhidh aca toilichte le co-dhùnadh, bu chòir dhaibh ath-cho-dhùnadh iarraidh air Tèarainteachd Shòisealta Alba. Mar eisimpleir, is dòcha gum bi iad ag iarraidh gun coimhead sinn ris a' cho-dhùnadh mura h-eil iad den bheachd gu bheil am pàiste airidh air a' phàigheadh seo. Tha Tèarainteachd Shòisealta Alba ag amas air ath-cho-dhùnadh a dhèanamh taobh a-staigh 16 latha-obrach bho fhuair iad fios mun iarrtas sin. Mura h-eil neach no an neach-gleidhidh aca toilichte le ath-cho-dhùnadh, faodaidh iad ath-thagradh a dhèanamh gu Tribiunal Ciad Ìre na h-Alba taobh a-staigh 31 latha bhon cho-dhùnadh sin.



Tha mòran dhaoine draghail mu chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu faighinn, tadhail air gov.scot/costoflivingsupport. No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org



Webchat: chat.socialsecurity.gov.scot